

Sgrìobh stòiridh!

Ciamar a sgrìobhas tu deagh stòiridh?

Cuspair

- Tagh cuspair anns a bheil ùidh agad... NO
- Tagh cuspair air a bheil thu math air sgrìobhadh. (no an dà chuid!)
- Dèan plana ro-làimh. Faodaidh seo a bhith sgrìobhte, no nad cheann nuair a dh'fhàsas tu cleachdte ri bhith gan dèanamh.
- Feuch gum bi beachd agad air an deireadh mus tòisich thu.

Cuspair...

- Bi cinnteach gun lean thu ris a' chuspair
- Feuch gum bi do chuspair inntinneach dhan luchd-leughaidh. Cò iad? Deugairean?
- Suidheachadh – feuch gum bi seo glic agus a' ceangal gu math ris an stòiridh agad

Caractaran

- Feuch nach bi cus caractaran agad.
- Thoir deagh thuairisgeul air do caractaran... ma tha sin freagarrach!
- Bi cinnteach gu bheil adhbhar ann gach caractar a bhith san stòiridh. Na bi dìreach gan stobadh ann!
- Bheil diofar seòrsa caractaran agad?
- Am bi do caractaran a' bruidhinn? A' smaointinn?...

Innleachdan Sgrìobhaidh

Mura bheil thu cleachdte ri mòran sgrìobhaidh a dhèanamh, 's dòcha gum feum thu beachdachadh air innleachdan mar seo ro-làimh.

- “Còmhradh”
- Samhlaidhean
- Loidhnichean goirid
- Gnàthasan-cainnte
- Car?
- Tuairisgeulan èifeachdach

Barrachd innleachdan...

- Similidhean
- Toiseach aithghearr
- Deireadh? Ceistean? Fuasgladh?
- Teachdaireachd?
- Puingeachadh

Feuch fhèin air stòiridh a-nis. Tagh aon de na cuspairean a leanas...

- Latha nach dìochuimhnich mi a-chaidh!
- Caraidean... dè dhèanainn às an aonais?
- Gaol!
- Aimhreit no sabaid
- Turas a dh'àiteigin
- Dè bha siud a' laighe air an rathad...?
- Mo bheatha

Dè mu dheidhinn dealbhan airson do bhrosnachadh?



Measadh

- Nuair a tha thu deiseil, leugh thairis air d' obair gus am bi thu cinnteach nach eil mearachdan ann.
- Thoir do charaid e gus an leugh iadsan e.
- Feumaidh do charaid beachd a thoirt dhut a thaobh dè rinn thu gu math agus dè dh' fhaodadh a bhith na b' fheàrr.
- Leugh fhèin stòiridh do charaid agus beachdaich oirre.
- Dè dh'ionnsaich thu mu d' obair fhèin?